

Nuair a dh'ath-chuairticheas sibh ur glainne, canaichean agus plastaic agus as dèidh dhuibh ur stuth organach a' chuir dhan bhine-cuibhleach bidh sgudal fhathast air fhàgail. Cuiribh an treallaich seo dhan bhine-cuibhleach àbhaisteach dubh. Gu h-ìosal tha liosta de dh'eisimpleirean a bu chòir a chuir dhan bhine seo.



Tetrapak (pacaidean sùgh)	Clobhdan
Salchair choin agus liteir chait	Bulbaichean agus solais fada
Biorain chotain agus plastairean.	Nithean crèadha agus Pyrex
Cling Film	Bataraidhean taigheil
Foldairean	Polastaidhrean
Ola airson còcaireachd	Stuth alman
Pàipear gleansach.	Canaichean aerosol
Badain aon-chleachdadh	Glainne uinneig
Pacaidean chriospan, paipear bhriosgaidean agus shiùcaran.	
Stuth measgaichte (far a bheil barrachd air aon seòrsa stuth ceangailte ri chèile)	

Seo beagan comhairle a bhitheas feumail dhuibh ma tha sibh airson lughdachadh a bharrachd a thoirt air an sgudal agaibh.

#### Ola agus taidhricean:

Faodaidh tu ola no seann taidhricean a thoirt chun Ionad Ath-chuairteachaidh as fhaisge oirbh agus thèid a chleachdadh a-rithist.

#### Stuthan air nach eil feum:

Faodar baidhsagalan, aodach, àirneis, anart, dèideagan, stuthan eileagtronaigeach agus leabhraichean a dhol gu bùth ionadail carthannais.

#### Sorcairean:

Faodaidh sorcairean airson chlà-dhealbhadairean, stampaichean agus fònaichean làimhe a bhith air an ath chuairteachadh tro dhifear chathrannasan.

#### Badain:

Seachainn badain aon-chleachdaidh agus feuch badain cheart. Cuir fòn gu loidhne taice Mothachas Ana-caitheamh gu paca an asgaidh luach £50 fhaighinn (fhad 's a bhitheas iad ann).

#### Treallaich Litrichean

Cuiribh stad air an àireamh de threallaich litrichean a gheibh sibh tron phost le bhith clàraichte aig Seirbheis Roghnachaidh Postachd. Faodaidh sibh clàradh aig [www.mpsonline.org.uk](http://www.mpsonline.org.uk) no cuir fon thuca air 0845 7034599.

## Mothachas Ana-caitheamh nan Eilean Siar Ath-chuairteachadh Furasta

Cuiridh sinn air dòigh e!



Ma tha ceistean sam bith agaibh no ma tha tuilleadh fiosrachaidh a dhìth oirbh cuir fios thugainn chun loidhne taice againn air **01851 709900**.



RIAGHALTAS NA H-ALBA

Lùghdaich, Ath-chleachd,  
Ath-chuairtich



Waste Aware  
Western Isles

Bu chòir an sgudal organach a dhol dhan bhine a th'ann airson an stuth organach a-mhàin, air a bheil bileag buidhe.



Seo eisimpleirean den stuth bu chòir a chuir dhan bhine organach:

✓ Fiodh (gun tairgnean)	✓ Treallaich Litrichean	✓ Duilleagan
✓ Biadh sam bith	✓ Pìosan fuilt	✓ Luibhean
✓ Pocanan Teatha	✓ Leabhraichean	✓ Smùr fhiodh.
✓ Cairt	✓ Gràinean Cofaidh	✓ Luath
✓ Cairt Cruaidh	✓ Irisean	✓ Paipear cidsin
✓ Pàipearan naidheachd	✓ Talamh (gun chlachan)	✓ Nèapraigean Paipear
✓ Gearraidhean fèid agus chraobhan	✓ Searbhadair Pàipear	✓ Seann leabhraichean fòn
✓ Cnàimhean	✓ Cèisean	✓ Smùr hùbhar
✓ Sgudal bho dheasachadh bidhe	✓ Toitean (gun sìolain)	✓ Tiùbaichean pàipear
✓ Paipear bèicearachd	✓ Leabhraichean club	✓ Slighean ugh
✓ Sliosnagan Fiodh	✓ Bogsaichean bidhe (m.e biadh bracaist agus cèicichean)	✓ Pocanan corn starch
✓ Cnothan agus sligean chnothan		
✓ Measan agus lusain (agus rùsg measan agus lusain)		



Na cuir pocannan plastaic dhan bhine organach agaibh

**Bu chòir na stuthan a leanas a chuir dha na bancaichean ath-chuairteachaidh ionadail agaibh:**



**Canaichean** - (air an glanadh agus le na bileagan air an toirt dhiubh) Canaichean far an robh biadh agus deoch (stàilinn agus alman).



**Glainne** - (air an glanadh agus le na bileagan air an toirt dhiubh ma tha sin idir comasach) A h-uile dath. Botail agus cnogain.



**Plastaig** - (air a ghlanadh) Soithichean far an robh biadh agus deoch air a chumail, leithid tubaichean im, poitean iogart, botail siampù, pocannan plastaic (air an ceangal ri chèile).



Ma tha sibh a' fuireach ann an àite far a bheil an sgudal air a chruinneachadh bhon chabhsair faodar na canaichean, am plastaic, am paipear agus an glainne a dhol dhan bhine uaine agaibh. Tha poca sònraichte am broinn a bhine bu chòir a bhith air a chleachdadh airson pàipearan naidheachd a-mhàin. Togair air leth am pàipear naidheachd a thathar a cruinneachadh airson SiarShred. Bu chòir paipear sam bith eile a tha air fhàgail a chuir dhan bhine organach agaibh.

